

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 1 | 2015 | AM FAOILLEACH

Facal Toisich

A' toirt sùla air ais air eachdraidh na rìoghachd, air dè a bha a' tachairt, ceud bliadhna air ais agus dà cheud bliadhna air ais, agus mar sin air adhart, 's e aon rud a bhuailas oirnn, ged a tha an saoghal ag atharrachadh gu bheil rudan ann nach eil idir ag atharrachadh.

Ma choimheadas sinn air ais ceud bliadhna, mar a tha sinn air a bhith a' dèanamh tric anns na mìosan a dh'fhalbh, tha fios againn gu robh dùthchannan na Roinn Eòrpa ann an naimhdeas dha chèile anns a' Chogadh Mhòr. A h-uile latha bhiodh fios a' tighinn gu dachaighean ann an Alba mu dhaoine a thuit anns a' chath, fir a bha air chall, no a chaidh a leòn. Tha prògraman drùidhteach air a bhith air an ràdio mu na Gàidheil a bha an sàs anns a' Cheud Chogadh.

Ag amharc air ais dìreach ceud bliadhna eile, bha ùpraid anns an Roinn Eòrpa. Na b'fhaide den bhliadha, agus Napoleon Bonaparte air teicheadh à eilean Elba, bhiodh cath agus dòrtadh fala a-rithist air tìr-mòr na Roinn Eòrpa. Bha cùisean a' dol a thighinn gu ceann anns an Og-mhìos nuair a chuireadh ruaig air Napoleon aig Blàr Waterloo. Tha baile beag anns an Eilean Sgitheanach air a bheil ainm a' bhlàir, mar chuimhneachan air na mìltean à Eilean a' Cheò a bha ann an seirbheis an rìgh ri linn Bonaparte.

A' coimhead air a' bhliadhna 1715, chì sinn gu robh cogadh a-rithist a' toirt buaidh air muinntir Bhreatainn. Ach an turas seo 's ann an Alba a bha a' chuid mhòr den choimhstri, ann an ceud ar-a-mach nan Seumasach. Chaill na ceudan de Ghàidheil am beatha anns an ar-a-mach sin.

Bidh e 'na cheist air mòran a bheil dùthchannan a t-saoghail air leasain fhòghlam o na cogaidhean a bha ann anns na linntean a dh'fhalbh? 'S e ar n-ùrnaigh gum faic sinn na cumhachdan ainigidh an-ìochdmhor a tha a' dèanamh sgrios ann an iomadh àite air an casg anns a' bhliadhna a tha air ùr-thòiseachadh.

**Beannachdan na Bliadhn' Uire,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais Tairbeart Loch Fin a tha air cnoc fradharcach os cionn a' bhaile. Chaidh an eaglais a chì sinn an-diugh a thogail ann an 1886, ach bha taigh-adhraidh air an làraich seo a chaidh a chur suas ann an 1775. Rinn stoirm milleadh mòr air an togalach bho chionn trì bliadhna agus bha an coitheanal greis gun dachaigh. Thug coitheanal na h-Eaglaise Saoire cead dhaibh seirbheisean a chumail anns an taigh-adhraidh acasan. Chaidh sùim mhòr a chosg air an eaglais a chàradh agus a leasachadh. An dealbh: Tormod MacLeòid.

Cùil nan Ceist

Tha sinn a' cluinntinn gu leòr nar latha-ne mu Chrìosdaidhean a bhith air an geur-leanmhainn ann an iomadh àite. Air a' mhìos seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil iomradh air geur-leanmhainn.

1. Dè am baile anns an robh geur-leanmhainn mhòr air a dhèanamh air an eaglais? (Leabhar nan Gnìomharan, caibideil 8.)
2. Lìon a' bheàrn – “Gheur-lean an ——— m'anam.” (Salm 143.)
3. Dè a tha còir againn a dhèanamh airson na muinntir a tha gar leanmhainn? (Mata, caibideil 5)
4. Dè na trì bailtean anns an do dh'fhuiling Pòl geur-leanmhainn? (2 Timoteus, caibideil 3.)

Searmon Beag

Is Tusa an Tì ceudna, agus cha chrìochnaichear do làithean. (Salm 102:27)

Bha an salmair mothachail air na h-atharrachaidhean a bha a' tachairt anns an t-saoghal mun cuairt air, ann an eachdraidh na dùthcha, agus 'na bheatha fhèin.

Anns na sailm bidh e a' gabhail beachd air gach caochladh a tha a' tighinn a h-uile bliadhna ann an obair nàdair, earrach agus foghar, samhradh agus geamhradh. Chìtheadh e am fear a' seargadh, chìtheadh e am fàs aig teachd an earraich, agus bha e a' faicinn gur ann mar sin cuideachd a tha beatha an duine, fàs agus crìonadh. Tha sinne mothachail air an latha a bhith a' fàs beagan nas fhaide nuair a thig Latha na Bliadhna Uire an dèidh na h-oidhcheannan a bhith cho fada agus cho dorcha anns an Dùbhlachd.

Chunnaic Daibhidh atharrachaidhean cuideachd ann an eachdraidh na rìoghachd, cogadh agus sith, adhartas agus call. Ma rìgh bhiodh cùisean a' dol leis agus cùisean a' dol 'na aghaidh, mar a tha a' tachairt ann am fiosrachadh gach aoine againn.

Agus bha an salmair mothachail air mar a bha e fhèin ag atharrachadh. Gu nàdarra bha a chorp ag atharrachadh. Mar a bha e a' fàs na bu shine cha robh e cho làidir, cho fallainn, cho beòthail, agus a bha e ann an làithean na h-òige. *Chaith sinn ar bliadhnachan mar sgeul a dh'innsear*, tha e fhèin ag ràdh ann an aon de na sailm. Air cho fada, air cho taitneach, agus gum bi an sgeulachd, thig i gu ceann uair no uaireigin.

Nan tigeadh an salmair air ais don t-saoghal againne, anns a' bhliadhna 2015, nach e a ghabhadh an t-iongnadh. Bhiodh e air uamhasachadh leis na h-atharrachaidhean a tha a' tighinn anns an linn anns a bheil sinne beò, agus cho luath agus a tha na h-atharrachaidhean sin a' tighinn. Rudan a bheireadh ceud bliadhna anns an t-seann aimsir, tachraidh iad ann am bliadhna anns a' ghinealach againne.

Tha an salmair tric a' bruidheann air na rudan a tha ag atharrachadh, na rudan nach eil a' dol a sheasamh. Ach tha e cuideachd an còmhnaidh a' dèanamh iomraidh air na nithean a tha a' dol a sheasamh airson ùm agus sìorraidheachd, gu h-àraidh an Dia a tha gun atharrachadh, gun sgàile tionndaidh maille ris, mar a tha litir Sheumais ga chur. *Is Tusa an Tì ceudna, ars an salmair, agus cha chrìochnaichear do bhliadhnachan.*

Nach prìseil an gealladh sin airson a thoirt leinn a-steach don bhliadhna seo a tha air ùr thòiseachadh, gu bheil Dia gun atharrachadh, gun chaochladh. Bhiodh an salmair air a mhi-

mhiseachadh leis na rudan a tha ag atharrachadh. *An duine, mar fheur tha a làithean; mar bhlàth na machrach, mar sin thig e fo bhlàth; oir gabhaidh a' ghaoth thairis, agus cha bhi e ann, agus chan aithnich 'ionad fhèin e nas motha.* Ach bha a chreideamh air a neartachadh, mar a dh'fhaodas an creideamh againne a bhith air a neartachadh, leis na rudan nach eil ag atharrachadh, na rudan a tha seasmhach, daingeann, bunaiteach. Mar a thubhairt an t-Urr. Aonghas Maclamhair anns an laoidh:

*Gu sìorraidh 's gu bràth, chan ann airson là,
Dhaibh cumaidh E 'ghealladh gu sìorraidh.*

Tha nàdar Dhè neo-chaochlaideach an-diugh mar a bha e anns na làithean agus anns na linntean a dh'fhalbh. *Le gràdh sìorraidh ghràdhaich mi thu*, thubhairt Dia ri Ieremiah agus tha E ga ràdh rinne cuideachd. Thubhairt an salmair, *Tha tròcair an Tighearna o shìorraidheachd orrasan dan eagal E, agus 'fhìreantachd do chloinn an cloinne.*

Tha facal Dhè a' seasamh aig toiseach na bliadhna seo mar a bha e anns na bliadhnachan a dh'fhalbh. *Tha am fear a' seargadh agus am blàth a' crìonadh, ach seasamh facal ar Dè-ne gu sìorraidh.*

A' coimhead air adhart ri bliadhna ùr eile nar beatha chan eil fios aig duine againn dè na h-atharrachaidhean a dh'fhaodas a bhith romhainn, nar beatha fhèin, ann am beatha na h-Eaglais, ann am beatha na rìoghachd, ann am beatha an t-saoghail. Ach ag amharc air falbh bhuainn fhèin agus na suidheachaidhean mun cuairt oirnn agus a' coimhead ri Dia, faodaidh sinn briathran an t-salmair a chleachdadh: *Tha Thus' a-mhàin gun chaochladh ort,
'S do bhliadhnaidh buan am feasd.*



Tha e furasta aithneachadh gu bheil iomadach bliadhna bho thogadh an dealbh seo de Shràid Chrombail ann an Steòrnabhagh. An-diugh tha an t-sràid trang le carbadan de gach seòrsa, ach anns an latha sin bha sàmhchair ann agus daoine a' coiseachd ann am meadhan an rathaid. Anns an t-seann dealbh seo chan fhaicear ach cairtean. Ach tha mòran de na togalaichean fhathast air an t-sràid mar a bha iad corr math is ceud bliadhna air ais.

Leabhraichean

Rugadh ùghdar an leabhair seo ann an 1909 agus chaochail i ann an 1983. Chuir i seachad a' chuid mhòr de a beatha anns an sgìr air a bheil i a' toirt iomraidh anns an leabhar seo. Tha e math gu bheil na chruinnich i mu Shrath Chura agus mun choimheasnachd air fhoillseachadh as-ùr.

Air còmhach an leabhair tha dealbhannan den dà eaglais a gheibhear anns an sgìr, eaglais Shrath Chura agus eaglais Shrath Lachlainn. Tha sin fhèin 'na shùileachan air cho cudthromach agus a bha, agus a tha, an eaglais ann am beatha agus ann an eachdraidh nan ceàrnaidhean sin de dh'Earra Ghàidheal.

Tha cuid mhath de sheann dealbhannan, feadhainn dhiùbh a' dol air ais corr is ceud bliadhna, anns an leabhar. Tha na dealbhannan a' toirt seallaidh dhuinn air cò ris a bha beatha na sgìr coltach anns na làithean a dh'fhalbh.

Leughaidh sinn an seo mu na cosnaidhean a bha aig muinntir Shrath Lachlainn agus Shrath Chura, iasgach agus croitearachd 'nam measg, agus a-steach don linn againn fhèin, obair na coille.

A History of Strachur and District Iseabal Chamshron Dhubhghlas (air fhoillseachadh le Comann Eachdraidh Shrath Chura)

Cheannaich Coimisean na Coilltearachd sia de na tuathanachasan as motha anns an sgìr airson craobhan a chur orra, agus bha buaidh aig sin air obair fearainn.

Tha iomradh againn an seo air àiteachan anns an sgìr as fhiach tadhal orra, agus na sgeulachdan agus an eachdraidh a tha ceangailte riutha, togalaichean, cnuic, creagan, cidheachan, taighean-òsda.

A chionn gu bheil cuimhne ga cumail anns na làithean seo air ceud bliadhna bho thòisich an Cogadh Mòr, tha e freagarrach gu bheil sinn a' cluinntinn mun bhuaidh a tha air a bhith aig cogaidhean air beatha an t-sluaigh. Thogadh Talla Cuimhneachain ann an Srath Chura a chur urraim air na fir as an sgìr a chaill am beatha anns a' Cheud Chogadh. Am measg nan ainmeannan air a' chlàr cuimhne tha an Captean Iain Lauder, mac an t-seinneadair ainmeil, Sir Harry Lauder. Ann an Srath Lachlainn tha carragh-cuimhne do dhithis a thuit ann an Cogadh nam Boer, mac an uachdarain agus mac croiteir.

Am Moderàtor an Uibhist

Tha na sgìrean ann an Clèir Uibhist air fad gun mhinistear aig an àm seo, ach fhuair muinntir Eaglais na h-Alba misneachd o Mhoderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Urr. Iain Chalmers, nuair a thadhail e air na h-eileanan as t'fhoghar an-uiridh. 'Na chois bha a bhean, Ealasaid.

Chuir am Moderàtor trì latha trang seachad ann an Uibhist, a' tadhal air sgoil Bhail' a' Mhanaich, Ospadal Uibhist agus Bharraigh, Taigh na Trianaid agus àiteachan eile. Ann an eaglais a' Chlachain bha seirbheis shònraichte air a cumail do shluagh na h-Eaglais ann an Uibhist a Tuath agus ann am Beinn na Fadhlà. Thugadh cairtean teisteanais do thrì duine deug a bha air bliadhnachan mòr de sheirbheis a thoirt do dh'Eaglais na h-Alba.

Thubhairt Mgr. Chalmers gu bheil obair chudthromach ri dhèanamh. Bha e ag ùrnaigh gum biodh ministearan air an suidheachadh ann an ùine gun a bhith fada ann na sgìrean a bha bàn a bhiodh air ceann na h-obrach ann a bhith a' neartachadh na h-Eaglais as-ùr air feadh nan eilean.

Thug am Moderàtor do dh'eaglais a' Chlachain calaman air a dhèanamh le glainne bhriste a thàinig à Palestin far a bheil coimhstri agus connspoid.

Tha ullachadh ga dhèanamh airson coitheanal a' Chlachain agus coitheanal Bheinn na Fadhlà a cheangal ri chèile fo aon mhinistear. Chuir an t-Oll. Urr. Iain Mac a' Mhuilleir trì mìosan seachad ann an Uibhist a' cuideachadh le obair na h-Eaglais. Bha esan 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh ann an 2001.

Tha Eaglais na h-Alba ann an Uibhist don Urr. Ruairidh MacFhionghain a chuir mìosan mòra seachad a' cuideachadh leis an obair ann an coitheanal a' Chlachain. Tha sinn fo chomain do bhean Ruairidh, Maighread, a thug cùl-taic dha nuair a bha e a' searmonachadh ann an Uibhist.

Moderàtor na Bliadhna seo

Bha sinn da-rireabh toilichte a chluinntinn gur e an t-Oll. Urr. Aonghas Moireastan a chaidh ainmeachadh mar am Moderàtor a bhios air an Ard-sheanadh on Chèitean an ath bhliadhna. Chaidh Aonghas a thaghadh an-uiridh ach anns a' Mhàrt b'fheudar dha tarraing air ais le dìth na slàinte, agus thàinig an t-Urr. Iain Chalmers, Prìomh Chlàireach an Ard-sheanaidh, 'na àite. Gu fortanach bha Mgr. Chalmers mion eòlach air gnothaichean an Ard-sheanaidh agus chaidh aige air a' bheàrn a lìonadh gu sgileil. A-nis tha an t-Oll. Moireastan air ùrachadh slàinte fhaighinn agus bidh fàilte mhòr roimhe ann an cathair a' Mhoderàtor anns a' Chèitean.

Dhèanadh Gàidheil air feadh na dùthcha toileachadh ris an naidheachd gu bheil Aonghas Moireastan air chomas a bhith anns an dreuchd. Bha a h-uile dùil aige a bhith a' searmonachadh aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh an-uiridh gus an do bhual an tinneas e. Tha sinn an dòchas gur e a bhios a' searmonachadh aig an t-seirbheis sin an ath bhliadhna. Bidh e air cuid mhath den ullachadh a dhèanamh a-cheana agus e a' dèanamh deiseil an-uiridh airson na seirbheis Ghàidhlig.

Rugadh Aonghas Moireastan ann an Gleann Comhann agus chaidh e don sgoil anns an Oban. Bha e cuideachd 'na mhinistear anns an Oban eadar 1979 agus 1986. Bha muinntir Earra Ghàidheal air an glan dhòigh nuair a chuala iad gu bheil dùil aig a' Mhoderàtor cuairt a chur air a' Chlèir anns an t-Sultain.

Tha dlùth-cheangal aig Aonghas agus aig a bhean, Marion, ris na Hearadh. Tha ise a' teagasg sgoile. Tha ceathrar de theaghlach aca, trìuir mhac agus aon nighean. Nuair a bha athair Aonghas agus athair Marion beò bha iad glè fhrithheilteach air na seirbheisean Gàidhlig a bhios fear-deasachaidh nan *Duilleag* a' cumail gach mìos anns an Oban.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Anns an toiseach."

Tha na faclan sin againn dà thuras anns

a' Bhioball. Tha iad sgrìobhte aig toiseach leabhair. Tha leabhar Gheneis a' tòiseachadh leis na trì faclan sin. Sin cuideachd mar a tha Soisgeul Eòin a' fosgladh. Aig toiseach bliadhna eile tha na faclan sin ag innse dhuinn gu bheil Dia aig toiseach gach nì. Tha e a' toirt misneachaidh dhuinn gu bheil Esan a' dol air toiseach oirnn a h-uile latha, a h-uile seachdain, a h-uile bliadhna. Is Esan an toiseach agus a' chrìoch.



Chòimhead mi a-mach bho chionn mìos no dhà. Bha brù-dhearg agus lòn-dubh trang ag ithe. Theich iad

nuair a chunnaic iad mise. Tha an dà eun glè bhrèagha. 'S e "eun beag an t-sneachd" ainm eile air a' bhrù-dhearg. Bidh dealbh an eòin bhig seo tric air cairtean Nollaig. Bidh sneachd anns an dealbh air a' chairt cuideachd. Nuair a tha làithean dorcha ann bheir na h-eòin togail dhuinn. Tha am Bioball ag innse dhuinn gu bheil Dia a' gabhail cùram den ghealbhan, eun cho beag sin. Gabhaidh E cùram dhinne cuideachd.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is dà thrian tionnsgnadh." (Beginning is two-thirds.) Tha facal

eile coltach ris – "Is obair latha tòiseachadh." (Beginning is a day's work.) Gu tric bidh sinn leis gu bhith a' tòiseachadh air obair. Tha sin fìor gu h-àraidh mas e obair sgìth a tha ann. Aig toiseach bliadhna bidh daoine a' gealltainn rud-eigin a dhèanamh no rud-eigin a sheachnadh. Tha e furasta a bhith a' smaoinichadh air rud-eigin a dhèanamh. Ach feumaidh sinn tòiseachadh, a' cheud cheum a ghabhail.



Bho chionn latha no dhà bha sealladh brèagha ann. Chòimhead mi a-mach agus bha a'

ghrian a' dol fodha. Bha am feasgar ciùin. Bha an loch socair. Bha dathan eireachdail anns an adhar agus air na beanntan. An dèidh sin thàinig an dorchadas. Tha am Bioball ag innse mun mhadainn a bhith a' tighinn an dèidh dol-fodha na grèine. Nuair a fhuair losa bàs bha e coltach ris a' ghrèin a' dol fodha. Ach dh'èirich a' ghrian a-rithist nuair a thàinig losa air ais o na maibh air madainn na h-aiseirigh.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh as a' Bhìoball far a bheil iomradh air geur-leanmhainn. 1. Ierusalem. 2. —nàmhaid— 3. Urnaigh. 4. Antioch, Iconium agus Listra.

CLACH-MHILE SHONRAICHTE

Chuir a chàirdean mealladh-naidheachd air Fionnlagh Moireastan agus e ceud bliadhna de dh'aois. Rugadh Fionnlagh anns na Hearadh agus 'na òige ghluais an teaghlach gu tìr-mòr. 'Na latha bha e air cluicheadair goilf cho sgileil agus a bha ann an Alba. Nuair a bha e air chothrom bu toigh leis gu mòr a bhith a' frithealadh seirbheisean Gàidhlig gach seachdain ann an eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann. Bhiodh e uaireannan a' togail an fhuinn aig an t-seirbheis Ghàidhlig.

RANN

*Cia milis ainm an t-Slà'n'gheir chaoimh,
An cluais a' chreidmhich bhochd!
Caisgidh e bròn is leòn nan nàmh,
Gun eagal orr' roimh lochd.*

Seo a' cheud rann anns an laoidh, *How sweet the name of Jesus sounds*. Chaidh an laoidh a sgrìobhadh an am Beurla le Iain Newton, bàrd spioradail cho cliùiteach agus a rugadh ann an Sasainn. Thionndaidh an t-Oll. Urr. Mac an Tòisich an laoidh Bheurla gu Gàidhlig. Bha esan 'na mhinistear ann an Dùn Omhain, air Tairbeart na Hearadh, agus ann an àiteachan eile.

RAGHNALL MAC AN T-SAOIR

Bha sinn glè dhuilich a chluinntinn gun do chaochail Ragnall (Ronnie) Mac an t-Saoir aig a dhachaigh anns an Oban an dèidh a bhith greis mhòr a' fulang le dìth slàinte. Bha ceanglaichean aige ri eilean Mhuile, far an robh 'athair 'na mhinistear. Fhad 's a bha an cothrom aige thug e cùl-taic nach bu bheag do na seirbheisean Gàidhlig anna an Oban. Nuair nach b'urrainn dha a bhith a' frithealadh nan seirbheisean bu toigh leis a bhith a' faigh leth-bhreac den t-searmon Ghàidhlig airson a leughadh. Duine caomh gasda a rinn cuideachadh do dh'iomadh comann anns an Oban agus ann an àiteachan eile. Bha cuid mhath Gàidhlig anns an t-seirbheis chuimhneachain a chumadh ann an eaglais Rathad Ghleann Chruitein anns an Oban.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear an teis-meadhan an t-searmoin nuair a dh'èirich fear de na h-eildearan agus choisich e a-mach. Bha uallach air a' mhinistear gu robh e air rud-eigin a ràdh a thug oilbheum don eildear. Nuair a choinnich iad Diluain dh'fhaighnich am ministear dè a bha ceàrr. Thubhairt an t-eildear gun do chuimhnich e am meadhan an t-searmoin robh e air buntàta fhàgail ann an poit air an stòbh agus bha eagal air gun adhbhraich e tubaist!

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,

aig toiseach bliadhna eile

tha sinn a' tighinn ad ionnsaigh.

Tha sinn a' cur feum air solas anns an dorchadas,

agus moladh a bhith dhut

gu bheil sin air a ghealltainn dhuinn.

Tha sinn a' cur feum air neart nar laigse,

agus tha d'Fhacal a' gealltainn dhuinn

gum faigh iadsan a dh'fheitheas ort spionnadh nuadh.

Tha sinn a' cur feum air ùrachadh creidimh,

agus mar a bha na deisciobail tha sinn ag ùrnaigh,

“A Thighearna, meudaich ar creideamh.”

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Seo dealbh-làimhe a rinn an t-Urr. Eòghann MacGhilleathain, nach maireann, a bha bliadhnachan mòra 'na mhinistear ann an eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann, agus a bha air ceann nan seirbheisean Gàidhlig an dèidh dha uallach coitheanail a leigeil dheth. Chì sinn anns an dealbh Abaid Eilean I, an t-eilean far an robh e fhèin greis 'na mhinistear.